

**A' brosnachadh proifeiseantachd
teagaisg aig ìre an t-saoghail**

gtc
ALBA
COMHAIRLE CHOITCHEANN
TEAGAISG NA H-ALBA

An Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan

**Inbhe Proifeiseanta Mòr-mhiannach airson Tidsearan na h-Alba
Achdachadh Foirmeil 2 Lùnastal 2021**

Clàr-innse

Ro-ràdh	3
1 A bhith nad Thidsear ann an Alba	4
1.1 Luachan Proifeiseanta	4
1.2 Dealas Proifeiseanta	5
1.3 An Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan	6
2 Eòlas agus Tuigse Proifeiseanta	7
2.1 An Curraicealam, Eòlas-teagaisg, Ceannardas agus Lèirsinn Ro-innleachdail	7
2.2 Uallaichean Proifeiseanta	8
3 Sgilean agus Comasan Proifeiseanta	9
3.1 An Curraicealam, Eòlas-teagaisg, Ceannardas agus Lèirsinn Ro-innleachdail	9
3.2 An Co-theacsa Ionnsachaidh	10
3.3 Ionnsachadh Proifeiseanta.....	13
3.4 Fèin-Luachadh	13
3.5 Stòrasan	15

Ro-ràdh

Inbhean Proifeiseanta airson Tidsearan ann an Alba

Tha Luachan Proifeiseanta le dealas proifeiseanta aig an cridhe a' toirt taic agus ag adhartachadh com-pàirteachas, ceannardas, feòrachadh agus ionnsachadh proifeiseanta. Tha iad a' toirt cunntas air proifeiseantachd thidseir ann an Alba, ar 'dòigh-beatha'. Tha iomadh adhbhar airson Inbhean Proifeiseanta airson tidsearan ann an Alba:

- cànan co-roinnte a chruthachadh airson proifeiseantaich teagaisg;
- mar shlat-tomhais airson comas proifeiseanta;
- gus proifeiseantachd a leasachadh agus àrdachadh;
- gus taic a thoirt do fhàs proifeiseanta fad-dhreuchd;
- gus frèam-obrach a thoirt do Thùs Fhoghlam Thidseir, slighean agus prògraman pròbhaidh agus ceannardais; agus
- gus dèanamh cinnteach agus àrdachadh inbhean poblach agus misneachd sa phroifeisean teagaisg.

Chaidh Inbhean Proifeiseanta airson tidsearan a stèidheachadh an toiseach ann an Alba ann an 2000. Chaidh an ath-leasachadh ann an 2012 agus an achdachadh ann an 2013 mar mhodail bun-bheachdail de phroifeiseantachd thidsear le taic bho bhith a' toirt a-steach an **Ùrachadh Proifeiseanta**. Thòisich conaltradh gus lèirmheas a dhèanamh air Inbhean Proifeiseanta 2012 ann an 2017 agus chrìochnaich e ann an seata ath-ùraichte agus ath-structaraichte de Inbhean Proifeiseanta le ceann-latha achdachaidh de 2 Lùnastal 2021.

Is e an **Inbhe airson Clàradh Sealadach an t-slat-tomhais** de chomas a thathar a' sùileachadh bho oileanaich a tha gu bhith nan tidsearan aig deireadh Tùs Fhoghlam Thidseir a tha a' sireadh clàradh sealadach le Comhairle Choitcheann Teagasg na h-Alba (GTC Alba). **Tha an Inbhe Phroifeiseanta seo a' cur an cèill na thathar a' sùileachadh bho neach a tha gu bhith na t(h)idsear ann an Alba.**

Is e an **Inbhe airson Làn Chlàradh** bun-stèidh nan Inbhean Proifeiseanta agus is e an t-slat-tomhais den chomas a dh'fheumas gach tidsear clàraichte ann an Alba. Is e an Inbhe Phroifeiseanta seo an geata chun a' phroifeisein agus tha e a' co-shuidheachadh nan inbhean teagaisg san urrainn do mhisneachd a bhith aig luchd-ionnsachaidh, pàrantan, am proifeisean e fhèin agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. **Tha an Inbhe Phroifeiseanta seo a' gabhail a-steach na tha e a' ciallachadh a bhith nad thidsear ann an Alba.**

Tha An Inbhe airson Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dhreuchd a' tabhann frèam-obrach àrd-mhiannach agus leasachail do thidsearan. Tha e ag innse mun t-sàr eòlas proifeiseanta agus an ealantas oide-eòlach a bu chòir do thidsearan clàraichte a leasachadh agus a chumail suas fhad 's a tha iad a' leantainn orra a' dèanamh adhartas sa phroifeisean teagaisg agus foghlaim. **Tha an Inbhe Phroifeiseanta seo a' toirt taic do fhàs proifeiseanta thidsearan ann an Alba.**

Tha an **Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan** agus an **Inbhe airson Ceannas** a' tabhann frèaman-obrach **mòr-mhiannach agus leasachail** do thidsearan ann an/no a' beachdachadh air dreuchdan ceannardais. Tha iad a' cur an cèill an lèirsinn ro-innleachdail, an t-eòlas agus an tuigse phroifeiseanta, sgilean agus comasan eadar-phearsanta agus eisimpleirean eadar-phearsanta a tha a' toirt taic do thidsearan ann an dreuchdan ceannardais. **Tha na h-Inbhean Proifeiseanta sin a' toirt frèam-obrach airson fàs proifeiseanta do thidsearan ann an dreuchdan ceannardais.** Mar sin, tha cuid de dh'adhbharan eile nan cois:

- taic airson fèin-luchadh agus meòrachadh do thidsearan ann, agus mòr-mhiannach a bhith ann, an dreuchdan foirmeil ceannardais nar sgoiltean;
- a' cur ris a' phròiseas a bhith a' trusadh agus a' taghadh; agus
- a' cur ri conaltradh mu cheannardas agus rianachd.

Tha adhbhar a bharrachd an cois an **Inbhe airson Ceannas** a bhith na riatanas do thidsearan a tha air am fastadh gu maireannach ann an dreuchdan Ceannard-sgoile bhon Lùnastal 2020.

Tha am pasgan de Inbhean Proifeiseanta air an stèidheachadh air na cuspairean eadar-eisimeileach de luachan proifeiseanta, ionnsachadh airson Seasmhachd agus ceannardas. Tha na h-Inbhean Proifeiseanta a' tabhann an fhrèam-obrach airson nan tidsearan air fad ann an Alba am proifeiseantachd àrdachadh agus dèanamh cinnteach à dèine agus dùbhlán a tha a' toirt taic do phroifeisean fulangach agus comasaichte a tha misneachail sna sgilean, eòlas agus luachan air a bheil feum gus daoine òga ann an Alba a chomasachadh gus sgilean a leasachadh ann an ionnsachadh, beatha agus obair.

Tha Inbhean Proifeiseanta Alba gu gnìomhach a' toirt taic, a' gabhail ri agus ag adhartachadh prionnsabalan agus cleachdaidhean seasmhachd thar gach taobh. Tha seo a' ciallachadh a bhith a' tuigse agus a' cur luach air àrainneachd, cultar agus dualchas, a' leasachadh faireachdainn de àite agus buntanas ri coimhearsnachd ionadail, nàiseanta agus cruinneil. Tha e cuideachd a' ciallachadh ceangal làidir a bhith ann ris an t-saoghal nàdarra agus a bhith a' tuigsinn cudromas nan taghaidhean a bhios sinn a' dèanamh – an-dràsta agus san àm ri teachd.

Tha na h-Inbhean Proifeiseanta air an ullachadh ann an seòrsachan eadar-cheangailte le **Luachan Proifeiseanta** agus **Dealas Proifeiseanta** aig a' chridhe. Tha na h-eileamaidean sin air an ceangal gu nàdarra ri chèile agus chan eil aon taobh neo-eisimeileach bhon fheadhainn eile. Is e an càirdeas eadar-cheangailte seo eadar na seòrsachan air fad a tha a' dèanamh proifeiseantachd an tidseir comasach agus a tha a' leantainn air adhart gu gnìomh agus fàs proifeiseanta.

A bhith nad thidsear ann an Alba

Tha an saoghal againn a tha a' sior fhàs eadar-cheangailte agus ag atharrachadh gu luath a' coinneachadh ri iomadh dùbhlán sòisealta, àrainneachdail agus eaconamach, agus tha siostam foghlaim a tha èifeachdach, co-fhreagrach agus in-ghabhalach deatamach ma tha sinn a' dol a dhèiligeadh riutha sin. Tha tidsearan a tha an sàs, meòrachail, cumhachdaichte agus sgileil agus luchd-ionnsachaidh a' gabhail ris an àite a tha aig Alba san t-saoghal, ar n-eachdraidh, ar diofaran agus ar n-iomadachd, ar n-àrainn nàdarra air leth, agus ar cultar stèidhichte air ceartas sòisealta. Tha tidsearan na h-Alba a' cuideachadh ann a bhith a' fighe a-steach modhan-obrach seasmhach agus ceart gu sòisealta gus fàs mar nàisean. .

Tha na h-**Inbhean Proifeiseanta** a' mineachadh dè a tha e a' ciallachadh a bhith a' fàs, a bhith agus a bhith a' tighinn air adhart mar thidsear ann an Alba. Tha dealas a thaobh nan **luachan proifeiseanta de cheartas sòisealta, earbsa agus treibhdhreas** aig cridhe nan Inbhean Proifeiseanta agus a' daingneachadh ar càirdeasan, smuaineachadh agus modh-obrach proifeiseanta ann an Alba.

Tha fèin-fhiosrachaidhean foghlaim ar cloinn agus daoine òga air fad air an cumadh leis na luachan proifeiseanta agus nàdair nan daoine a tha an sàs ann a bhith gan oideachadh. Tha luachan iom-fhillte agus is iad na sàr-bheachdan air a bheil tidsearan a' cumadh am modh-obrach mar phroifeiseantaich. A' tòiseachadh le tidsearan mar dhaoine fa leth, tha na luachan a' dol gu ar luchd-ionnsachaidh, ar co-obraichean agus chun t-saoghal sa bheil sinn beò.

1.1 Luachan Proifeiseanta

Ceartas Sòisealta

Is e ceartas sòisealta a' bheachd gu bheil a h-uile neach airidh air còraichean agus cothroman co-ionann a thaobh eaconamaidh, poilitigs agus gu sòisealta aig an àm seo agus san àm ri teachd.

- Ag adhartachadh slàinte agus sunnd air mo shon fhèin, mo cho-obraichean agus a' chlann agus daoine òga fom chùram.
- A' togail is ag altram dhàimhean deimhinneach sa choimhearsnachd ionnsachaidh a tha a' toirt spèis do daoine fa leth.
- A' gabhail ri luachan cruinneil foghlaim agus sòisealta de sheasmhachd, co-ionannas, cothromas is ceartas agus ag aithneachadh còraichean chloinne.
- A' toirt urram do chòraichean an luchd-ionnsachaidh air fad mar a tha air a mhineachadh ann an Cùmhnantan UN air Còraichean Chloinne (UNCRC) agus an còir a bhith air an gabhail a-steach ann an co-dhùnaidhean mu na fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh aca agus gu bheil gach taobh den t-sunnd aca leasaichte agus a' faighinn taic.
- A' comharrachadh dealas gus a bhith a' cur luchd-ionnsachaidh an sàs ann an cùisean a tha a' dol san t-saoghal gus cur ri fèin-fhiosrachaidhean agus builean ionnsachaidh agus gus a bhith a' brosnachadh ionnsachadh ar slighe gu àm ri teachd nas fheàrr.
- Dealasach mu cheartas sòisealta tro phoileasaidhean is mhodhan-obrach cothromach, trid-shoilleir, in-ghabhalach is seasmhach a thaobh feartan glèidhte, (aois, ciarram, ath-bhuileachadh gnè, com-pàirteachas pòsta is sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, creideamh is cràbhachd, feise, gnèitheachd) is com-pàirteachas eadar-roinneil.
- A' cur luach air, cho math ri bhith a' toirt urram do, iomadachd sòisealta, eag-eòlach, cultarail, cràbhach, is cinnidheach, agus ag adhartachadh prionnsabalan agus modhan-obrach leasachadh seasmhach agus saoranachd ionadail is cruinneil don luchd-ionnsachaidh air fad.
- A' comharrachadh dealas ann a bhith a' brosnachadh, agus a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh air fad, a' tuigsinn buaidh cùl-raointean gnè, sòisealachd, rèis, cultar, cinneadh, creideamh agus eaconamaidh air fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh, a' gabhail a-steach feumalachdan ionnsachaidh sònraichte agus a' sireadh a bhith a' lùghdachadh bacaidhean a thaobh ionnsachadh.
- A' comharrachadh dealas ann a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh a tha a' fèin-fhiosrachadh no a tha air èiginn fhulang agus clann agus daoine òga a tha air a bhith ann an cùram agus a' tuigsinn uallaichean mar phàrant corporra.
- A' tuigsinn agus a' toirt dùbhlán do leth-bhreith sa h-uile riochd, gu sònraichte an fheadhainn a tha air am mineachadh ann an Achd na Co-ionannachd 2010.

Tha luachan proifeiseanta a' cuideachadh ann a bhith a' leasachadh ar dearbh-aithne phroifeiseanta agus tha e stèidhichte air dealas domhainn de fhàs agus sunnd cognatach, sòisealta agus faireachail an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha iad a' tabhann na bun-stèidh gus tidsearan a chuideachadh agus a mhisneachadh gus an leanabh slàn fhaicinn no an neach òg agus am feumalachdan. Tha iad bunaiteach do, agus air an comharrachadh tro, ar càirdeasan proifeiseanta, smuaintean agus gnìomhan air fad agus a h-uile càil a tha sinn a' dèanamh gus coinneachadh ris an **dealas proifeiseanta** mar thidsearan clàraichte le GTC Alba.

Mar phàirt de **phroifeiseantachd thidsear**, feumar luachan proifeiseanta a chur an sàs ann am modh-obrach làitheil taobh a-staigh agus taobh a-muigh an togalaich foghlaim. Bidh iad a' toirt taic dhuinn gus ceistean riatanach fhaighneachd mu theòraidhean foghlaim, poileasaidhean agus modhan-obrach agus gus sgrùdadh a dhèanamh air na beachdan agus na creideamhan againn fhèin. Tha luachan agus an ceangal eadar luachan agus gnìomhan, a' cur feum air meòrachadh tric thar cùrsa dhreuchdan thidsearan mar a bhios an comann agus feumalachdan luchd-ionnsachaidh ag atharrachadh agus mar a tha tuigse a' leasachadh. Tha ar dealas mu ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd na earrann deatamach de bhith a' leasachadh ar proifeiseantachd. Tha proifeiseantachd feòrachail agus co-obrachail na fhòrsa cumhachdach ann a bhith a' leasachadh buidheann-gnìomha nan tidsearan agus ar dealas a libhrigeadh gus clann, daoine òga, an teaghlach agus an coimhearsnachd a bhith an sàs sa phròiseas foghlaim.

Earbsa agus Urram

Is e earbsa agus urram nithean a thathar a' sùileachadh de ghniomhan deimhinneach a tha a' toirt taic do bhith a' togail càirdeas deimhinneach agus a' nochdadh cùram airson feumalachdan agus faireachdainnean nan daoine a tha an sàs agus urram don t-saoghal nàdarra againn agus a stòrasan cuibhrichte.

- Ag adhartachadh agus a' ginealachadh cultar a tha a' toirt meas do chultar agus an cleachdadh beusail de dh'ùghdarras co-cheangailte ri dreuchdan proifeiseanta neach.
- Ag actadh agus a' giùlain ann an dòighean a tha a' leasachadh cultar de earbsa agus urram air do shon fhèin, feadhainn eile agus an saoghal nàdarra.
- A' tuigsinn, ag aithneachadh, agus a' toirt urram do na tha feadhainn eile a' cur ri bhith a' toirt deagh bhuaidh air beatha luchd-ionnsachaidh.
- A' tuigsinn slàinte agus sunnd agus cho cudromach 's a tha càirdeasan deimhinneach agus seaghach gus tabhann agus a' dèanamh cinnteach à àrainn sàbhailte agus tèarainte airson an luchd-ionnsachaidh agus co-obrachaidh air fad taobh a-staigh feallsanachd a tha coibhneil agus co-fhulangach.
- A' toirt urram do dhiofaran fa leth agus a' toirt taic do thuingse luchd-ionnsachaidh mun deidhinn fhèin, feadhainn eile agus na tha iad a' cur ri leasachadh agus seasmhachd chomann a tha diofraichte agus in-ghabhalach.

Treibhdhreas

Is e treibhdhreas am practas a bhith onaireach agus a' comharrachadh leantainneachd cunbhalach agus neo-cho-rèiteachail ri prionnsabalan làidir moralta agus beusail agus luachan.

- A' comharrachadh coibhneas, onair, misneachd agus gliocas.
- A bhith firinneach agus earbsach.
- A' sgrùdadh gu dìon na creideamhan, luachan agus beachdan proifeiseanta agad fhèin agus aig feadhainn eile ann an co-theacsa co-obrachadh colaisteach.
- A' toirt dùbhlann do ro-bheachd, claon-bheachdan agus modh-obrach proifeiseanta, far a bheil e iomchaidh.

1.2 Dealas Proifeiseanta

Is e a bhith a' dèanamh **dealas proifeiseanta** a thaobh ionnsachadh agus luchd-ionnsachaidh a tha a' rèir a' mhìneachadh a bhith a' coileanadh saoghal a tha seasmhach agus cothromach a tha a' gabhail a-steach dè a th' ann a bhith nad thidsear ann an Alba. Tha seo a' ciallachadh gum bi tidsearan dealasach mu **luachan proifeiseanta** agus a' dol an sàs ann an ionnsachadh fad beatha, meòrachadh, rannsachadh, ceannardas a thaobh ionnsachadh agus modh-obrach com-pàirteachail mar phrìomh nithean dem proifeiseantachd. Tha an dealas seo a thaobh ionnsachadh agus fàs proifeiseanta, a thaobh fàs luchd-ionnsachaidh, agus a' cuideachadh ann a bhith a' toirt taic do chom-pàirtichean a thaobh sin, air a chomharrachadh tro dhòighean an sàs leis gach taobh de mhodh-obrach proifeiseanta. Tha e air a chomharrachadh tro bhith ag obair gu colaisteach, ann am Beurla no tro mheadhan na Gàidhlig leis na buill air fad sna coimhearsnachdan ionnsachaidh againn le dealas, so-fhreagarrachd, dìon mheòrachadh agus conaltradh co-cheangailte a tha cuideachail agus proifeiseanta.

Is e bun-phàirt de dhealas proifeiseanta thidsearan a bhith a' tuigsinn feuman an luchd-ionnsachaidh air fad. Tha cuid de chlann agus dhaoine òga aig am faodadh bacadh a bhith orra a thaobh sunnd agus ionnsachadh co-cheangailte ri raon de shuidheachaidhean mar an àrainn ionnsachaidh, suidheachaidhean teaghlach, ciorram no feumalachdan a thaobh slàinte, agus factaran co-cheangailte ri nithean sòisealta agus faireachail. Tha seo a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd mar: Attention Deficit Hyperactivity Disorder (ADHD) agus Attention Deficit

Disorder (ADD); Autism; Developmental Coordination Disorder (Dyspraxia) (DCD); Dyslexia; agus Tourette syndrome. Tha tidsearan ag aithneachadh, a' faicinn agus a' gabhail ris an luach a tha sa h-uile neach agus tha mothachadh domhainn aca air an fheum a tha ann an eòlas-teagasg a tha a' freagairt air a' chultar. Bidh iad ag àrdachadh co-ionannas agus iomadachd, a' toirt deagh aire do fheumalachdan luchd-ionnsachaidh bho diofar bhuidhnean agus a bhith a' cumail suas còraichean chloinne.

Tha a bhith a' cumail suas luachan proifeiseanta de cheartas sòisealta, earbsa agus urram agus treibhdhreas a' cur feum air dealas a thaobh ceannardas a tha a' brosnachadh misneachd agus mòr-mhiann. Tha an dealas seo mar stèidh do cheannardas ionnsachaidh sa h-uile co-theacsa agus atharrachadh airson leasachadh. Tha e a' cur luach air na tha feadhainn eile a' cur ris, a' toirt dùbhlann do chlaon-bhàidhean agus ro-bheachdan agus a' cur an cèill cnuasachadh breithneach agus a bhith a' tighinn gu co-dhùnaidhean èifeachdach, gus a bhith a' cumail suas agus a' leasachadh càileachd an fhoghlaim agus a bhith a' leantainn air adhart gu builean nas leasaichte airson clann agus daoine òga air fad ann an Alba.

Is e dealas proifeiseanta thidsearan ann an Alba a bhith a' stiùireadh ionnsachaidh tro bhith:

- a' leasachadh eòlas domhainn de ionnsachadh agus teagasg;
- a' sgrùdadh gu dìon mar a tha an teagasg againn a' toirt buaidh air luchd-ionnsachaidh; agus
- a' cleachdadh fianais gu co-obrachail gus cur ri breithneachadh thidseir agus na h-ath cheumannan airson luchd-ionnsachaidh.

1.3 An Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan

Tha an Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan ag aithneachadh gu bheil ceannardas èifeachdach an urra ri na prionnsabalan de dh'obair colaisteach agus gum bu chòir cothroman a bhith aig a h-uile tidsear a bhith nan ceannardan, a tha a' stiùireadh ionnsachadh airson, agus còmhla ri, luchd-ionnsachaidh air fad. Bidh ceannardan sa mheadhan ag obair còmhla ri, agus a' toirt taic do leasachadh cho-obraichean agus chom-pàirtichean eile. Tha an Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan a' gabhail a-steach fòcas air ceannardas agus air ionnsachadh, ceannardas thidsear, agus obair chom-pàirteachail gus comas ceannardais a bhrosnachadh ann an daoine eile. Bu chòir do cheannardan aig a h-uile ìre gu gnìomhach a bhith a' gabhail ri modh-obrach làidir, so-dhearbhte airson ionnsachadh airson Seasmhachd. Tha seo air a chomasachadh le tidsearan a bhith a' planadh ionnsachadh airson Seasmhachd thar a' churraicealaim, an ionnsachadh proifeiseanta an dà chuid air an son fhèin agus gu com-pàirteachail.

Tha Luachan Proifeiseanta agus Dealas Proifeiseanta aig An Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan. Tha iad bunaiteach do, agus air an comharrachadh tro, ar dàimhean proifeiseanta agus modhan-obrach air fad. Tha iad mu bhith a' dèanamh gu math leinn fhèin, le càch agus leis an t-saoghal sa bheil sinn beò. Tha na càileachdan pearsanta agus proifeiseanta de sheasmhachd agus ceartas sòisealta, treibhdhìreas, earbsa agus urram agus dealas proifeiseanta deatamach ma tha sinn a' dol a bhrosnachadh agus a' dol a dh'ullachadh luchd-ionnsachaidh airson soirbheachas san t-saoghal sa bheil sinn a tha iom-fhillte, eadar-eisimeileach agus a' sior atharrachadh gu luath.

Tha ionnsachadh airson Seasmhachd air a bhith air a leapachadh san Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan gus taic a thoirt do thidsearan a bhith gu gnìomhach a' gabhail ri agus ag adhartachadh prionnsapalan agus modhan-obrach de sheasmhachd sa h-uile taobh den cuid obrach. Ann an Alba, tha ionnsachadh airson Seasmhachd mar chòir don h-uile neach-ionnsachaidh. Mar sin, is e riathanas proifeiseanta a tha ann don h-uile tidsear a bhith a' comharrachadh nam modh-obrach na luachan proifeiseanta, sgilean, eòlas agus tuigse agus gnìomhan a tha a rèir saoghal a tha seasmhach agus cothromach, mar phàirt de dhealas èifeachdach san sgoil air fad agus sa choimhearsnachd.

Leasaichidh feadhainn a tha ann an dreuchdan àrdaichte san t-siostam foghlaim no a tha ag amas orra, uallach agus comas a tha a' sior mheadhadh, a thaobh nan seòrsaichean

dhreuchdan a tha air an dealbhadh ann an seo, a' gabhail a-steach a bhith a' comasachadh agus a' cumhachdachadh dhaoine fa leth agus sgiobaidhean. Tha uallach air stiùirichean sa mheadhan a bhith gu gnìomhach a' dol an sàs ann agus ag adhartachadh obrachadh iomadh bhuidheann agus eadar-bhuidheann thar na coimhearsnachd ionnsachaidh agus nas fharsainghe na sin, gus builean deimhinneach a choileanadh dhan h-uile neach-ionnsachaidh agus gus taic a thoirt do leasachadh.

Bidh diofar raointean de dh'uallach aig stiùirichean sa mheadhan a thuilleadh air àrd sgilean eòlas-teagaisg, a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach ceannardas-curraicealaim, ceannardas roinne no dàmh, ceannardas aoghaireil, ceannardas a thaobh solar taic a bharrachd, ceannardas de sgiobaidhean no pròiseactan eadar-chuspaireil no ceannardas de thùs-amasan leasachadh sgoile. Dh'fhaodadh gum biodh uallach rianachd loidhne aca airson sgioba, a bhith a' stiùireadh sgioba a tha a' libhrigeadh raon sònraichte de sholar, no sgioba a tha an sàs ann an gnìomhan leasachaidh. Ann a bhith a' gabhail ris na raointean sònraichte aca den chlàr, gu sònraichte ann a bhith a' togail cultar ionnsachaidh agus teagaisg de dh'àrd-chàileachd agus modh-obrach in-ghabhalach, agus aig an aon àm a' cur ri leasachadh cho-obraichean, nas fharsainghe, thar na sgoile agus na coimhearsnachd ionnsachaidh.

Is e ceannardas an comas a bhith:

- a' leasachadh lèirsinn airson atharrachadh, a tha a' leantainn air adhart gu leasachaidhean ann am builean airson luchd-ionnsachaidh agus a tha stèidhichte air luachan co-roinnte agus luachadh làidir de fhianais mu mhodh-obrach agus bhuilean làithreach; agus
- a bhith a' gluasad, a' cothromachadh agus a' toirt taic do dhaoine eile a bhith a' leasachadh agus a' dol air adhart le ro-innleachdan gus an atharrachadh sin a choileanadh.

Is e rianachd a bhith a' cur an sàs agus a' cumail suas gu gnìomhach na modhan-obrach agus na siostaman a dh'fheumar gus an atharrachadh seo a choileanadh.

Tha an Inbhe airson Ceannardas sa Mheadhan air a dheilbh gus taic a thoirt do fhèin-luachadh fa leth agus meòrachadh mar phàirt bunaiteach de leasachadh ceannardais. Tha e deatamach gu bheil leasachadh ceannardais a' faighinn taic èifeachdach agus rianail bho **Lèirmheas agus Leasachadh Proifeiseanta (PRD)** agus pròiseasan **Ùrachadh Proifeiseanta**.

2 Eòlas agus Tuigse Proifeiseanta

2.1 An Curraicealam, Eòlas-teagaisg, Ceannardas agus Lèirsinn Ro-innleachdail

2.1.1 Tuigsinn mar a thèid lèirsinn ro-innleachdail a leasachadh agus a chomharrachadh

Eisimpleirean Proifeiseanta	<p>Mar stiùiriche sa mheadhan bidh tu:</p> <ul style="list-style-type: none">■ a' cur ris an lèirsinn ro-innleachdail co-roinnte, feallsanachd agus amasan airson na sgoile agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh agus iad sin a stiùireadh gu h-èifeachdach leis an sgioba/sgiobannan agus thar an raoin/raointean a tha fod stiùir. Tha thu a' stiùireadh agus a' comharrachadh an lèirsinn ro-innleachdail seo air a bheil obair an sgioba/sgiobannan agad stèidhichte ann a bhith a' misneachadh agus a' brosnachadh gach neach-ionnsachaidh, tro bhith a' gabhail ri modhan-obrach colaisteach agus modhan-obrach co-obrachail;■ a' toirt taic agus a' cur ri lèirsinn ro-innleachdail a tha a' gabhail a-steach ionnsachadh airson Seasmhachd; agus■ ag obair mar stiùiriche de agus airson ionnsachadh agus dealasach mun ionnsachadh proifeiseanta leantainneach agad fhèin ag obair mar 'neach-ionnsachaidh a tha a' stiùireadh' gus taic a thoirt do cho-obraichean agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh gus cur ri modh-obrach.
------------------------------------	---

2.1.2 Eòlas agus tuigse a bhith agad mu threandan agus leasachaidhean laghail agus àrainneachdail gus cur ri builean deimhinneach airson a h-uile neach-ionnsachaidh

Eisimpleirean Proifeiseanta	<p>Mar stiùiriche sa mheadhan bidh tu::</p> <ul style="list-style-type: none">■ gu riaghailteach a' co-roinn agus a' cur an sàs an eòlais àrdaichte agus an tuigse riatanach a tha agad de rannsachadh agus leasachaidhean ann am poileasaidh foghlaim agus reachdas thar na coimhearsnachd ionnsachaidh gus taic a thoirt do cho-theacsan ionnsachaidh dheimhinneach;■ a' dèanamh cinnteach gu bheil eòlas àrdaichte agus tuigse riatanach agad mu leasachaidhean san là an-diugh ann am foghlam agus sa chomann (a' gabhail a-steach dreuchd teicneòlasan didseatach), an àrainneachd agus a' choimhearsnachd chruinneil nas fharsainge (a' gabhail a-steach treandan agus atharrachaidhean ann am pàtrain teaghlaich, pàtrain obrach, na meadhanan, cur-seachad agus poilitigs) agus reachdas làithreach agus ri thighinn.
------------------------------------	--

2.1.3 Tuigse àrdaichte agus air fhiosrachadh gu dìon mun Churraicealam

Eisimpleirean Proifeiseanta	<p>Mar stiùiriche sa mheadhan bidh tu:</p> <ul style="list-style-type: none">■ a' dol an sàs gu breithneachail ann an rannsachadh agus leasachaidhean a thaobh a' churraicealaim agus ag obair gu co-obrachail le feadhainn eile gus dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh seo air a chur an sàs gu cruthachail gus builean a leasachadh airson gach neach-ionnsachaidh sa choimhearsnachd ionnsachaidh far a bheil sin iomchaidh a' gabhail cunntas de fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig;■ ag àrdachadh agus a' toirt taic do ionnsachadh taobh a-muigh raointean a' churraicealaim/crìochan cuspair agus cuspairean thar a' churraicealaim, me litearrachd, àireamhachd agus slàinte agus sunnd, Ionnsachadh airson Seasmhachd, ionnsachadh eadar-chuspaireil agus litearrachd didseatach;■ a' comasachadh litearrachd didseatach agus cleachdadh teicneòlasan didseatach gus teagasg agus ionnsachadh àrdachadh; agus■ a' dèanamh cinnteach à fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh èifeachdach do chlann le feumalachdan taic a bharrachd.
------------------------------------	--

2.1.4 Eòlas agus tuigse a bhith agad mu Cheannardas agus Rianachd co-cheangailte ris a' cho-theacsa agad**Eisimpleirean Proifeiseanta**

Mar stiùiriche sa mheadhan bidh tu:

- a' sior leudachadh an eòlais agus an tuigse bhreithneachail a tha agad mu chon-cheapan agus modhan-obrach ceannardais agus co-cheangailte ris a' cho-theacsa agad agus a bhith ag obair gu colaisteach agus gu co-obrachail le feadhainn eile gus dèanamh cinnteach gu bheil seo air fhisge a-steach sa mhodh-obrach;
- a' beachdachadh air na tha seo a' ciallachadh a thaobh do cheannardais agus a' bhuidh air a' choimhearsnachd ionnsachaidh a thaobh cheanglaichean suimeil thar na coimhearsnachd ionnsachaidh ann a bhith a' toirt taic do bhuileachadh agus coileanadh, deilbh curraicealaim agus susbaint; agus
- nad bheatha phearsanta agus phroifeiseanta le chèile, agus san dòigh anns am bi thu a' stiùireadh agus a' cumhachdachadh na coimhearsnachd ionnsachaidh, a bhith nad eisimpleir den lèirsinn agus an cultar a tha thu ag amas air a bhith a' leasachadh tron choimhearsnachd ionnsachaidh agus thar sgiobaidhean.

2.2 Uallaichean Proifeiseanta**2.2.1 Tuigsinn agus a' comharrachadh Lèirsinn Phoilitigeach****Eisimpleirean Proifeiseanta**

Mar stiùiriche sa mheadhan bidh tu:

- le sealladh agus tuigse de dhinimigeachd cumhachd agus buaidh phoilitigeach sa chàirdeas eadar sgoiltean agus a' chomann san fharsaingeachd agus a' choimhearsnachd ionadail agus a' cho-theacsa;
- le sealladh agus tuigse de dhinimigeachd cumhachd agus buaidh phoilitigeach agus buaidhean agus mar a tha seo a rèir nan Luachan Proifeiseanta agad agus na tha thu a' sùileachadh; agus
- a' tuigsinn a' bhuidh agus brìgh lèirsinn phoilitigeach a thaobh do cheannardas agus modhan-obrach rianachd agus obair na sgoile agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh.

2.2.2 A' tuigsinn agus a' comharrachadh fèin-mhothachadh agus a' brosnachadh agus a' misneachadh dhaoine eile**Eisimpleirean Proifeiseanta**

Mar stiùiriche sa mheadhan bidh tu:

- a' sior leasachadh fèin-mhothachadh;
- gu cunbhalach a' toirt dùbhlàn dhan smaoineachadh agus dhan obair agad tro mheòrachadh agus sgrùdadh breithneachail;
- gad stiùireadh fhèin agus feadhainn eile gu h-èifeachdach, a' toirt taic agus a' comasachadh proifeiseantachd thidseir tro dhealas mu mhodh-obrach colaisteach agus co-obrachail;
- a' togail agus a' cumail suas creideas proifeiseanta agus pearsanta le bhith a' modaladh do dhealas air ionnsachadh proifeiseanta leantainneach, treibhdhreas agus modh-obrach eiticeil agus lonnsachadh airson Seasmhachd;
- a' toirt taic agus a' comasachadh cultar de dh'earbsa agus urram;
- a' cleachdadh tuigse chultarail agus fhaireachail gus claon-bhreith a sgrùdadh, tro bhith a' ceasnachadh nan ro-bheachdan agad fhèin agus a' comharrachadh mar a tha iad sin a' toirt buaidh air an obair agus na dàimhean agad fhèin;
- a' cleachdadh lèirsinn de chlaon-bhreith pearsanta sam bith agus ceannardas ro-innleachdail gus buaidh àicheil a lasachadh agus gus dèanamh cinnteach à co-ionannas de ruigsinneachd, cothrom agus taic;
- a' taisbeanadh misneachd agus cruadal san dòigh a bhios tu a' dèiligeadh ri càineadh agus strì;
- a' misneachadh agus a' comasachadh leasachadh sgilean ceannardais agus comasan ann an daoine eile agus a' leasachadh earbsa agus urram am measg cho-obraichean le bhith a' cruthachadh chothroman ceannardais thar agus nas fharsainge na an sgoil; agus
- ag obair gu co-obrachail agus gu ro-innleachdail gus a bhith a' leasachadh càirdeasan earbsa le pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlachan agus raon farsaing de chom-pàirtichean gus taic a thoirt do chom-pàrteachasan ann an ionnsachadh..

2.2.3 Breithnich gu glic agus thig gu co-dhùnaidhean ann an dòigh-iomchaidh

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan bidh tu:

- a' dèanamh anailis agus mineachadh air suidheachaidhean gu soilleir;
- a' cleachdadh modh-obrach a' cuimseachadh air fuasgladh deimhinneach nad obair;
- fiosraichte mu ciamar agus cuin a bhios tu a' tighinn gu co-dhùnaidhean agus a' cleachdadh raon farsaing de dhàta làidir agus creideasach gus taic a chur ri agus a bhith a' fiosrachadh nam breithneachaidhean agad;
- a' dol an sàs ann an deasbad agus conaltradh proifeiseanta agus gu gnìomhach a' brosnachadh agus a' sireadh bheachdan bho air feadh na coimhearsnachd ionnsachaidh -eadar co-obraichean, pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean, clann agus daoine òga, com-pàirtichean, sgoiltean eile agus an Ùghdarras Ionadail/ -fastaich gus cur ri do bhreith agus co-dhùnaidh phroifeiseanta; agus
- a' cruthachadh, a' deilbh agus a' co-roinn mhodhan gus a bhith a' coileanadh leasachadh agus a' taisbeanadh mothachadh air cleachdadh deimhinneach agus eitnigeach de chumhachd agus ùghdarras.

2.2.4 Conaltradh gu h-èifeachdach

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan bidh tu:

- gu riaghailteach a' comharrachadh agus a' conaltradh do dhealas mòr do fhoghlam, sunnd agus in-ghabhaltas gach neach-ionnsachaidh tro do bhreithneachadh agus modh-obrach làitheil;
- a' conaltradh gu h-èifeachdach agus gu gnìomhach gus dàimhean obrach agus modhan-obrach in-ghabhaltach deimhinneach a thogail san sgoil, sa choimhearsnachd ionnsachaidh le co-obraichean, pàrantan/luchd-cùraim/teaghlaichean agus com-pàirtichean;
- a' toirt taic, brosnachadh agus a' comasachadh com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh ann an co-dhùnaidhean mun ionnsachadh aca fhèin agus beatha na coimhearsnachd ionnsachaidh agus àrainneachd;
- ag èisteachd gu furachail agus le adhbhar agus a' libhrigeadh do bheachdan agus d' fhaireachdainnean gu soilleir;
- a' dol an sàs ann an conaltradh proifeiseanta, a' toirt fios air ais cuideachail agus a' sealltainn dealas do leasachadh agus cur an sàs conaltradh èifeachdach anns an sgoil agus nas fharsainge na sin;
- a' comharrachadh do dhealas airson fosgailteachd agus fireantachd le feadhainn eile tro do chleachdadh èifeachdach de thaghadh de mhodhan conaltraidh a' gabhail a-steach, mar a bhios iomchaidh, na meadhanan sòisealta; agus
- le tuigse shoilleir agus air a mhineachadh gu dealasach de- agus urram airson - diomhaireachd agus an t-eòlas agus an lèirsinn seo a chur an sàs a thaobh gach cùmhnannt, modh-obrach agus cùis.

3 Sgilean agus Comasan Proifeiseanta

3.1 An Curraicealam, Eòlas-teagaisg, Ceannardas agus Lèirsinn Ro-innleachdail

Bidh stiùirichean sa mheadhan, agus an co-obraichean agus san raon/raointean uallaich shònraichte, a' cur ri bhith a' deilbh agus a' togail a' churraicealaim (i.e. tro na modhan-obrach a tha a' gabhail àite ann an coimhearsnachdan ionnsachaidh ann a bhith a' leasachadh susbaint, eòlas-teagaisg, measadh agus solar, an uair a tha prògraman foghlaim air am planadh, air an cur an cèill agus air an luachadh). Bidh iad a' dol an sàs gu dìon le poileasaidh, rannsachadh agus modh-obrach gus an t-eòlas agus an tuigse den churraicealam fhiosrachadh.

3.1.1 Thoir taic do dheilbh agus solair curraicealam air fhiosrachadh le prionnsabalan teòraidheach de dheilbh curraicealaim agus adhbharan foghlaim

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' leasachadh tuigse agus a' cuideachadh ag àrdachadh uallach coitcheann airson co-dhùnaidhean stèidhichte san sgoil a tha a rèir nam prionnsabalan mun adhbhar airson foghlam, deagh dheilbh curraicealam agus a' dèiligeadh ri còir luchd-ionnsachaidh air Ionnsachadh airson Seasmhachd;
- a' dol an sàs gu breitheach le poileasaidh, rannsachadh agus practas gus cuir ri planadh, leasachadh agus measadh ionnsachadh gus coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh, slàinte agus sunnd gach neach-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil e iomchaidh;
- a' toirt taic agus a' stiùireadh ionnsachadh gu h-èifeachdach san raon/raointean uallaich sònraichte agad;
- a' modaladh agus a' leasachadh, taobh a-staigh agus nas fharsainge na an raon uallaich agad, inbhean soilleir nad phractas a thaobh a bhith ag achdachadh prionnsabalan in-ghabhaltas, seasmhachd, co-ionannas agus ceartas sòisealta tron churraicealam;
- a' leasachadh tuigse agus ag adhartachadh uallach coitcheann agus airson deilbh curraicealaim agus pròiseasan planaidh a tha ag àrdachadh an eòlas ionnsachaidh do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taic a bharrachd; agus
- a' leasachadh frèaman-obrach curraicealaim gus dèanamh cinnteach à pearsanachadh agus taghadh iomchaidh tro sliogean fa leth.

3.1.2 A' comasachadh agus a' dèanamh seasmhach modh-obrach co-leantail a thaobh a bhith a' leasachadh agus ag adhartachadh modhan-obrach curraicealaim (a' gabhail a-steach eòlas-teagaisg agus measadh) a rèir thùs-amasan ro-innleachdail agus gnìomhachail aontaichte

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' goireasachadh cultar a tha ag àrdachadh agus a' cumail suas modhan-obrach curraicealaim de dh'àrd-chàileachd (a' gabhail a-steach eòlas-teagaisg agus measadh);
- a' modaladh agus a' toirt taic do dh'àrd-shùileachaidhean de churraicealaim gus toirt do gach neach-ionnsachaidh fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh agus sliogean agus cothroman airson ionnsachadh a tha cruthachail agus gu cunbhalach de dh'àrd-chàileachd agus a bhios cruth-atharrachail a thaobh a bhith a' toirt dùbhlann do ro-bheachdan agus seallaidhean den t-saoghal a bha a' sior leudachadh;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh agus co-obraichean air fad a' com-pàirteachadh gu bhrioghmhor ann an co-dhùnaidhean co-cheangailte ri leasachadh agus planadh chothroman ionnsachaidh;
- a' dol an sàs le com-pàirtichean gus taic a thoirt do chothroman ionnsachaidh iomchaidh a' gabhail a-steach ionnsachadh air a' bhlar a-muigh taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile agus stòrasan thar a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainge;
- a' stèidheachadh agus a' leasachadh pròiseasan gus a bhith gu rianail a' cruinneachadh, a' dèanamh anailis agus a' dèanamh feum èifeachdach de fhios air ais bho mheasadh agus dàta mu adhartas luchd-ionnsachaidh gus luachadh, fiosrachadh agus planadh ionnsachadh san àm ri teachd a bhios a' coinneachadh ri feumalachdan ionnsachaidh agus sunnd gach neach-ionnsachaidh; agus
- a' leasachadh, ag àrdachadh agus a' co-roinn mhodhan-obrach a bhios ag àrdachadh leasachaidhean ann am modhan-obrach curraicealaim, a' dèanamh cinnteach à agus a' cumail suas fòcas air ùidhean chloinne agus dhaoine òga.

3.1.3 A' comasachadh agus a' cumail suas pròiseasan a tha gu gnìomhach ag àrdachadh conaltradh proifeiseanta, meòrachadh deatamach agus modh-obrach colaisteach mar dhòigh air a bhith a' luachadh agus ag àrdachadh modhan-obrach curraicealaim (a' gabhail a-steach modhan-obrach eòlas-teagaisg agus measadh) agus sunnd

<p>Eisimpleirean Proifeiseanta</p>	<p>Mar stiùiriche sa mheadhan, tro gnìomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> ■ a' modaladh agus a' toirt taic do leasachadh cultar de cho-earbsa, urram agus cunntachalachd tro leasachadh agus achdachadh a' churraicealaim; ■ gu gnìomhach ag adhartachadh agus a' dol an sàs ann an conaltradh proifeiseanta, meòrachadh breitheach agus fèin-luachadh leis an sgioba agad no sgiobaidhean thar na sgoile, mar dhòigh air a bhith gu for-ghnìomhach a' sgrùdadh agus a' lèirmheas eòlas-teagaisg; ■ a' stèidheachadh dhòighean gus lèirmheas a dhèanamh air modhan-obrach curraicealaim a tha a' cruinneachadh bheachdan cho-obraichean agus feadhainn eile thar na coimhearsnachd ionnsachaidh; ■ a' toirt taic do raon de mhodhan-obrach cho-aoisean ionnsachaidh a tha ga dhèanamh comasach do sgiobaidhean a bhith ag obair gu co-obrachail agus a' toirt cothroman rianail gus àrdachadh agus ùrachadh modhan-obrach eòlas-teagaisg agus measaidh thidsearan; agus ■ ag aontachadh, a' leasachadh agus a' stèidheachadh pròiseasan gus càileachd mhodhan-obrach curraicealaim a dhearbhadh agus àrdachadh (a' gabhail a-steach modhan-obrach eòlas-teagaisg agus measadh).
---	--

3.2 An Co-theacsa Ionnsachaidh

Bidh stiùirichean sa mheadhan, le co-obraichean agus anns an raon/raointean de dh'uallach, a' cuideachadh ann a bhith ag adhartachadh cultar de shunnd airson nan uile. A rèir nan tùs-amasan ro-innleachdail agus obrachaidh a chomharraich iad, tha iad a' comasachadh agus a' dèanamh seasmhach dàimhean agus com-pàirteachasan làn adhbhar le co-obraichean, luchd-ionnsachaidh, agus feadhainn eile thar na coimhearsnachd ionnsachaidh gus coinneachadh ri feumalachdan comharraichte an luchd-ionnsachaidh air fad. Bidh iad a' dol an sàs gu breitheach le poileasaidh, rannsachadh agus modh-obrach gus cur rin eòlas agus an tuisge den àrainn ionnsachaidh.

3.2.1 Stiùir agus thoir taic don lèirsinn, luachan, feallsanachd agus amasan na coimhearsnachd ionnsachaidh le co-obraichean, luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlachan agus a' choimhearsnachd nas fharsainge

<p>Eisimpleirean Proifeiseanta</p>	<p>Mar stiùiriche sa mheadhan, tro gnìomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> ■ a' cuideachadh a' co-chruthachadh, a' modaladh agus a' co-roinn an lèirsinn, luachan, feallsanachd agus amasan na coimhearsnachd ionnsachaidh còmhla ri luchd-ionnsachaidh, co-obraichean, pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlachan agus a' choimhearsnachd nas fharsainge a' gabhail a-steach feallsanachd foghlam tro mheadhan na Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh, agus a' gabhail a-steach ionnsachadh airson Seasmhachd; ■ a' comasachadh nan sgiobaidhean agad a bhith ag adhartachadh agus a' dèanamh seasmhach cultar de shunnd do na h-uile tro mhodaladh agus a' toirt taic do phròiseasan agus modhan-obrach seasmhach airson obair agus ionnsachadh; ■ a' cruthachadh agus a' cumail suas cultar sa bheil feumalachdan taic a bharrachd bunaiteach do fheallsanachd na coimhearsnachd ionnsachaidh; agus ■ a' toirt taic agus a' cumail suas cho-obraichean ann a bhith a' stèidheachadh àrainnean ionnsachaidh sàbhailte, coibhneil agus làn adhbhar a tha a' cur fàilte agus in-ghabhalach, air an deagh rianachd agus air an deagh eagrachadh.
---	---

3.2.2 Brosnaich agus comasaich com-pàirteachas neach-ionnsachaidh ann am planadh agus a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh mun ionnsachadh aca fhèin agus mun cho-dhùnadh nas fharsainge sa choimhearsnachd ionnsachaidh

<p>Eisimpleirean Proifeiseanta</p>	<p>Mar stiùiriche sa mheadhan, tro gnìomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:</p> <ul style="list-style-type: none"> ■ a' comasachadh cultar colaisteach de cho-urram agus earbsa far a bheil an luchd-ionnsachaidh air fad a' com-pàirteachadh gu brighmhor ann an co-dhùnaidhean co-cheangailte rin ionnsachadh, an sgoil agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainge; ■ a' stèidheachadh agus ag àrdachadh cothroman a tha a' leigeil leis gach neach-ionnsachaidh com-pàirteachadh gu brighmhor ann am planadh, luachadh agus co-dhùnadh co-cheangailte rin ionnsachadh agus adhartas, an sgoil agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainge; agus ■ a' tabhann cothroman airson luchd-ionnsachaidh agus co-obraichean a bhith a' planadh agus a' conaltradh mu ionnsachadh a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman iomchaidh ann airson pearsanachadh agus roghainn.
---	--

3.2.3 Stiùir gnìomhan dhaoine fa leth agus colaisteach gus cuideachadh ann a bhith a' stèidheachadh, a' comasachadh agus a' cumail suas dàimhean earbsach le pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghnìomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' toirt taic agus a' comasachadh cultar colaisteach de cho-urram agus earbsa gus togail agus comasachadh chom-pàirteachasan eadar pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean, luchd-ionnsachaidh agus an sgoil agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainghe;
- a' leasachadh dàimhean earbsach le pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean a bhios gan cuideachadh a bhith a' faicinn an luach a tha ann am foghlam agus ionnsachadh san dachaigh, an sgoil agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainghe;
- a' sireadh chothroman riaghailteach gus fiosrachadh a chumail ri pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean mu adhartas an leanabh agus leasachaidhean sa churraicealam agus modhan-obrach ionnsachaidh agus teagaisg; agus
- a' cuideachadh a bhith a' togail agus a' cumail suas an cultar seo gus a dhèanamh comasach do phàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean raon de chothroman a bhith aca gus a dhol an sàs ann an gnìomhan agus pròiseasan com-pàirteachais co-cheangailte ri ionnsachadh, beatha na sgoile agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainghe.

3.2.4 Cuidich le bhith ag adhartachadh agus a' toirt taic do dh'obair com-pàirteachais còmhla ri co-obraichean, pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean, proifeiseantaich agus buidhnean eile gus taic a thoirt do chòraichean agus sunnd gach neach-ionnsachaidh

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghnìomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' tuigsinn nan uallaichean a tha ort fhèin agus air feadhainn eile airson a bhith a' cur an sàs poileasaidhean agus dòighean-obrach dìon chloinne nàiseanta agus ionadail gus cùram agus sochair a h-uile neach-ionnsachaidh a dhèanamh cinnteach;
- a' tuigsinn nan uallaichean a tha ort fhèin agus air feadhainn eile airson a bhith a' toirt taic do shunnd gach leanabh no neach òg gus cur ri modhan-obrach san sgoil agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainghe;
- a' cleachdadh eòlas agus ealantas bho chom-pàirtichean eile gus prògraman luchd-ionnsachaidh àrdachadh agus gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh iomchaidh air a cho-roinn ri com-pàirtichean gus co-dhùnaidhean fhiosrachadh;
- a' cleachdadh agus a' toirt taic do shiostaman a tha a' comasachadh phàrantan a bhith a' cur ri, agus a' toirt taic, do na feumalachdan eadar-mheasgte a tha aig gach neach-ionnsachaidh a rèir poileasaidh agus reachdas ionadail agus nàiseanta;
- a' toirt taic do sholar de chothrom riaghailteach gu agus foghlam san t-saoghal nàdarra airson gach neach-ionnsachaidh;
- a' cleachdadh raon de phròiseasan agus de mhodhan-obrach airson lèirmheas agus comharrachadh riaghailteach de fheumalachdan luchd-ionnsachaidh tro bhith a' cleachdadh innealan diagnosach iomchaidh gus lèirmheas a dhèanamh air adhartas luchd-ionnsachaidh, a' co-phàirteachadh nan toraidhean ri gach com-pàirtiche iomchaidh; agus
- a' dèanamh cinnteach gu bheil planadh agus solar airson ionnsachadh air a stèidheachadh air prionnsabalan de cho-ionannas agus ceartas sòisealta.

3.3 Ionnsachadh Proifeiseanta

Bidh stiùirichean sa mheadhan, còmhla ri co-obraichean agus taobh a–staigh an raon/raointean uallaich sònraichte, a' modaladh, a' stiùireadh agus ag adhartachadh cultar co-obrachail de ionnsachadh proifeiseanta. Bidh iad a' dol an sàs gu breitheachail ri poileasaidh, rannsachadh agus practas gus cur ris an eòlas agus an tuigse aca mu ionnsachadh proifeiseanta.

3.3.1 Stiùir agus adhartaich cultar de ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd a bhios a' togail agus a' cumail suas comas neach fa leth agus sgioba agus a' toirt taic do thùs–amasan comharraichte agus aontaichte

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' gabhail uallach airson, agus a' dol an sàs gu gnìomhach ann, an ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd gus an eòlas, tuigse agus sgilean agad a dhoimhneachadh;
- a' dol an sàs gu breitheach le litreachas, rannsachadh agus poileasaidh gus dùbhlán agus fios a thoirt do bhith a' tighinn gu co-dhùnadh agus practas proifeiseanta;
- a' leasachadh agus a' dol an sàs ann an rannsachadh proifeiseanta mar phrìomh eileamaid de chultar de ionnsachadh proifeiseanta seasmhach;
- a' suidheachadh sùileachaidhean àrda de ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd dhut fhèin agus do cho-obraichean, mar a bhios iomchaidh, agus a' toirt taic do raon fharsaing de chothroman a tha a' dèanamh seo comasach; agus
- a' cruthachadh agus a' cleachdadh chothroman agus ghniomhan airson co-obraichean a dhol an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta co-obrachail agus a bhith a' leasachadh modhan-obrach ceannardais thar agus taobh a–muigh na sgoile.

3.3.2 A' comasachadh agus a' cumail suas pròiseasan agus modhan-obrach a bhios a' toirt taic do cho-obraichean a dhol an sàs ann am modh-obrach a tha gu breitheach meòrachail mar phàirt dheatamach de ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' cleachdadh pròiseasan aontaichte, a' gabhail a–steach PRD, a tha a' comharrachadh neartan agus cothroman leasachaidh agus a' toirt taic do ionnsachadh proifeiseanta fad dhreuchd;
- a' leasachadh sgilean coidsidh agus meantoraidd a tha ag adhartachadh a bhith a' cleachdadh prionnsabalan agus modhan-obrach coidsidh agus meantoraidd a tha a' toirt taic do ionnsachadh proifeiseanta agus ag altram cultar de thaic cho–aoisean, dealas agus colaisteachd;
- a' toirt taic do cho-obraichean ann a bhith a' gabhail seilbh agus uallach airson an ionnsachadh proifeiseanta agus PRD a' cleachdadh inbhean proifeiseanta iomchaidh gus taic a thoirt do fhèin luachadh agus meòrachadh breitheach;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh proifeiseanta leantainneach, làn adhbhar agus PRD a' gabhail àite gu riaghailteach agus gu bheil builean nam pròiseasan a' cur ri leasachadh practas proifeiseanta;
- a' meòrachadh gu breitheach mu agus a' luachadh buaidh an t–solair ionnsachaidh proifeiseanta fa leth agus gu cruinneil mu thùs–amasan aontaichte, taobh a–staigh do raointean uallaich;
- a' toirt taic do chothrom co–ionann gu cothroman ionnsachaidh proifeiseanta airson nan uile; agus
- a' toirt taic do dhol an sàs èifeachdach den phròiseas Ùrachadh Proifeiseanta.

3.4 Fèin Luachadh

Bidh stiùirichean sa mheadhan, agus an co-obraichean agus san raon/raointean uallaich sònraichte, a' cur ri bhith a' deilbh agus a' cumail suas cultar de fhèin luachadh airson leasachadh na sgoile agus na coimhearsnachd ionnsachaidh gus a' bhuaidh air a h–uile neach–ionnsachaidh a luachadh. Bidh iad a' dol an sàs gu breitheach le poileasaidh, rannsachadh agus modh-obrach gus an t–eòlas agus an tuigse de fhèin–luachadh fhiosrachadh.

3.4.1 Leasaich agus cùm suas raon de dhàimhean, pròiseasan agus modhan-obrach in–ghabhalach agus taiceil a bhios ag adhartachadh cultar de fhèin–luachadh a rèir thùs–amasan ro–innleachdail agus gnìomhachail aontaichte

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' comasachadh agus a' cumail suas cultar de earbsa agus cho–urram far am bi co-obraichean, luchd–ionnsachaidh agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh a' dol an sàs ann am fèin luachadh le misneachd agus treibhdhireas;
- a' cur ri cultar leasachaidh a tha in–ghabhalach, fulangach agus atharrachail a' cleachdadh dhòighean agus mhodhan-obrach ceannardais a tha fiosraichte gu breitheach;
- a' furastachadh dòigh fhosgailte, onarach agus breitheach tro bhith a' modaladh agus ag adhartachadh deagh mhodh-obrach a thaobh fèin–luachadh; agus
- a' togail dàimhean taiceil a bhios ag adhartachadh agus a' toirt taic do chultar fèin–luachadh.

3.4.2 Leasaich agus cùm suas a' chleachdaidh èifeachdaich de raon farsaing de dh'fhiosrachadh làidir agus creideasach gus taic a chur ri agus a bhith a' fiosrachadh nan co-dhùnaidhean agus nan leasachaidhean thar na sgoile agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh a rèir thùs-amasan ro-innleachdail agus gnìomhachail aontachta

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- ag adhartachadh agus a' cur ri cultar de mhodh-obrach air fhiosrachadh gu breitheach a' cleachdadh fianais, a' gabhail a-steach rannsachadh, agus anailis a rèir slatan-tomhais iomchaidh;
- a' cruinneachadh fiosrachadh gu rianail bho raon farsaing de thùsan agus chom-pàirtichean a' cleachdadh mhodhan-obrach dligheach, earbsach agus ùr-ghnàthasach gus a h-uile buidheann a bhith an sàs;
- a' cleachdadh an fhiosrachaidh, càileachdail agus uimhreach, gus co-dhùnaidhean fhiosrachadh agus gus prìomhachasan a chomharrachadh ann a bhith a' cumadh agus a' leasachadh mhodhan-obrach;
- a' comasachadh agus a' toirt taic do cho-obraichean ann a bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh gus an curraicealam a phlanadh (eòlas-teagaisg, measadh agus clàradh) le fòcas air a bhith a' leasachadh bhuilean airson gach neach-ionnsachaidh; agus
- a' dèanamh cinnteach gu bheil measadh agus fianais mu mheasaidhean làidir agus iomchaidh airson adhbharan air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh.

3.4.3 Co-obrach le co-obraichean, luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainge ann a bhith a' comharrachadh, ag aontachadh agus a' cur an cèill thùs-amasan leasachaidh

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' cuideachadh a bhith a' cruthachadh chothroman riaghailteach gus co-obraichean, luchd-ionnsachaidh agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh nas fharsainge a bhith an sàs ann a bhith a' comharrachadh prìomh thùs-amasan airson leasachadh a' cleachdadh an fhianais a chaidh a chruinneachadh;
- a' toirt taic do chultar far am bi luchd-ionnsachaidh, pàrantan/luchd-cùraim agus teaghlaichean air fad an sàs ann co-dhùnadh brioghmhor mu phlanadh agus àrdachadh ionnsachadh agus leasachadh nas fharsainge a thaobh na sgoile agus na coimhearsnachd ionnsachaidh; agus
- a' goireasachadh chothroman airson buidhnean a bhith a' co-obrachadh gus tùs-amasan leasachaidh a thoirt air adhart.

3.4.4 A' cleachdadh agus a' toirt taic do shiostaman airson a bhith a' sgrùdadh agus a' lèirmheas clàr-obrach leasachaidh na sgoile agus na coimhearsnachd ionnsachaidh

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co-obrachail gus a bhith:

- a' gabhail ri raon de mhodhan-obrach gus comasachadh agus taic a thoirt do cho-obraichean lèirmheas riaghailteach agus rianail a dhèanamh mu adhartas a thaobh tùs-amasan sgioba, sgoil agus a' choimhearsnachd ionnsachaidh, a' gabhail a-steach co-dhùnaidhean mu stòras, gus a' bhuidheann air gach neach-ionnsachaidh a luachadh;
- a' gabhail os làimh lèirmheas riaghailteach agus rianail de raon de phròiseasan a bhios ga dhèanamh comasach cur ri sgrùdadh agus lèirmheas san fharsaingeachd tron chearcall planaidh leasachaidh; agus
- a' cleachdadh raon fharsaing de fhianais gu rianail gus a bhith a' lèirmheas agus a' fiosrachadh cearcall leasachaidh a bhios a' toirt buaidh air leasachadh na h-àrainn ionnsachaidh.

3.5 Stòrasan

Bidh stiùirichean sa mheadhan, agus an co-obraichean agus taobh a–staigh raon/raointean uallaich, a' rianachd stòrasan suidhichte ann an dòigh chothromach, trid–shoilleir agus co–ionann a rèir thùs–amasan ro–innleachdail agus gnìomhachail aontaichte. Bidh iad a' dol an sàs gu breitheach le poileasaidh, rannsachadh agus modh–obrach gus cur ris an eòlas agus an tuigse de chleachdadh chothromach agus seasmhach de stòrasan.

3.5.1 A' dèanamh an fheum obrachaidh as fheàrr de na stòrasan air fad a tha rim faotainn a rèir thùs–amasan ro–innleachdail agus gnìomhachail comharraichte, a' dèanamh cinnteach agus a' cumail suas fòcas soilleir air ùidhean luchd–ionnsachaidh

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co–obrachail gus a bhith:

- a' comharrachadh le co–obraichean cleachdadh iomchaidh de stòrasan gus an àrainn ionnsachaidh a chumail suas agus àrdachadh airson taic a thoirt do fheumalachdan gach neach–ionnsachaidh;
- a' dèanamh cinnteach gu bheil co–dhùnaidhean mu stòrasan air an coileanadh ann an dòighean cothromach, trid–shoilleir agus co–ionann a' gabhail cunntas de thùs–amasan comharraichte;
- a' leasachadh tuigse agus ag adhartachadh uallach coitcheann airson cleachdadh seasmhach de stòrasan;
- a' cleachdadh agus a' cur ri siostaman gus sgrùdadh, luachadh agus lèirmheas gu breitheil a dhèanamh air cleachdadh stòrais; agus
- cunntachail airson buidseat agus stòrasan a tha air an sònrachadh tro bhith a' cleachdadh mhodhan–obrach iomchaidh agus gach taic a tha ri fhaotainn.

3.5.2 A bhith ag obair taobh a–staigh structar reachdas cosnaidh, aontan agus poileasaidhean nàiseanta agus ionadail a' riaghladh cosnadh a rèir thùs–amasan ro–innleachdail agus gnìomhachail comharraichte

Eisimpleirean Proifeiseanta

Mar stiùiriche sa mheadhan, tro ghniomhan dhaoine fa leth agus colaisteach, bidh tu a' stiùireadh agus ag obair gu co–obrachail gus a bhith:

- a' gabhail cunntas dligheach de reachdas cosnaidh, aontan nàiseanta agus ionadail agus poileasaidhean sgoile a thaobh dhàimhean obrach agus math na cloinne agus nan daoine òga;
- ag obair taobh a–staigh dhreuchdan, uallaichean agus nithean cunntachdail air am mineachadh gu soilleir, gus taic, stiùireadh agus cur ri leasachadh sgioba sgoile proifeiseanta a choinnicheas ri feumalachdan na coimhearsnachd ionnsachaidh;
- a' gabhail cunntas den fhrèam–obrach reachdail co–cheangailte ri co–ionannas agus in–ghabhaltas sòisealta, gus coimhearsnachd in–ghabhailta adhartachadh a tha a' cur luach air iomadachd agus a' toirt dùbhlàn do leth–bhreith; agus
- a' gabhail cunntas dligheach de reachdas Slàinte agus Sàbhailteachd gus dèanamh cinnteach à sàbhailteachd agus sunnd nan uile.

A' brosnachadh proifeiseantachd teagaisg aig ìre an t-saoghail

gtc
ALBA

COMHAIRLE CHOITCHEANN
TEAGAISG NA H-ALBA

GTC Scotland

Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba
Clerwood House,
96 Rathad Clermiston
Dùn Èideann EH12 6UT
Fòn: 0131 314 6000
Post-d: gtcs@gtcs.org.uk

www.gtcs.org.uk
www.in2teaching.org.uk

